



TRANSPORT
SCOTLAND
CÒMHDHAIL ALBA

transport.gov.scot

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnant airson Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall (CHFS3)

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnant airson aiseagan Chluaidh is Innse Gall (CHFS3)

Ro-ràdh Ministreil



Tha mi toilichte a' cho-chomhairle phoblach seo fhoillseachadh mu Chùmhnant ùr Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall (CHFS3).

Is e an t-slighe solarachaидh as bu toil le Ministearan na h-Alba cleachdad airson an ath chùmhnant CHFS a bhith ga bhuileachadh gu dìreach tro rèite Teckal, (a cheadaicheas a bhith a' toirt seachad cùmhnant gu dìreach do chompanaидh in-thaigh ann an cuid a shuidheachaidhean, gun a bhith a' dol tro phròiseas tagraidh farpaiseach). Bhiodh seo le ùmhachd do dh'eacarsaich dìcheall iomchaidh, le dùil ri co-dhùnadh mu dheireadh as t-samhradh an ath-bhliadhna.

A thaobh luach agus cudromachd do ar coimhairsnachdan eileanach, seo fear de na cùmhnantan as cudromaiche a nì an Riaghaltas seo, agus mar sin tha e deatamach gum bi cothrom aig coimhairsnachdan a bhith a' cur ris a' chùmhnant gus ar cuideachadh le bhith a' toirt cumadh air na seirbheisean aiseig ro-chudromach sin san àm ri teachd.

Bheir a' cho-chomhairle phoblach seo cothrom dhaibhsan a tha air atharrachadh iarraidh, a' gabhail a-steach seasmhachd nas fheàrr; barrachd follaiseachd; conaltradh nas fheàrr; freagairteachd; sùbailteachd ann an seirbheis; agus barrachd cinnt gun urrainn do choimhairsnachdan agus luchd-cleachdaidh seirbheis cur gu dìreach ris a' phròiseas gus cùmhnantan a chruthachadh.

Tron phròiseas seo cumaidh sinn oirnn a' conaltradh leis na coimhairsnachdan agus luchd-ùidh againn gus cruthachadh a' chùmhnant fhiosrachadh gus cuideachadh le bhith a' cumadh nan seirbheisean sin san àm ri teachd.

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnant
airson aiseagan Chluaidh is Innse Gall (CHFS3)

Còmhdhail Alba

Bidh a' co-chomhairle phoblach ri fhaighinn airson 12 seachdainean bho 15
Dùblachd 2023 gu 08 Màrt 2024.

Airson barrachd fiosrachaidh, tadhail air [làrach-lìn Còmhdhail Alba](#).

Fiona Hyslop, BPA

Ministear na Còmhdhail

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnant
airson aiseagan Chluaidh is Innse Gall (CHFS3)

Còmhdail Alba

Aithris Co-chomhairleachaidh

Tha sinn a' sireadh ur beachdan air leasachaidhean san t-seirbheis aiseig tro chùmhnant CHFS3.

Cùl-fhiosrachadh

Tha Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall nam pàirt ro-chudromach den t-siostam còmhdhail againn, a' toirt seachad cheanglaichean deatamach do luchd-còmhnaidh, gnìomhachasan agus luchd-turais air feadh costa an iar na h-Alba. Ach, tha sinn mothachail gu bheil raointean ann far an gabh leasachaidhean a dhèanamh. Mar sin tha sinn an dùil cùmhnant leasaichte ùr a thoirt a-steach airson nan seirbheisean aiseig sin a tha gu bhith a' tòiseachadh air 01 Dàmhair 2024.

Gu ruige seo tha am fòcas againn airson CHFS3 air a bhith gus sgrùdadh agus meòrachadh a dhèanamh air na beachdan a fhuair sinn air ais mar-thà bho na coimhearsnachdan a tha an urra ri aiseagan, bho phriomh luchd-ùidh agus bho aithisgean a rinneadh rè ùine cùmhnant CHFS2, a' gabhail a-steach na h-aithisg bho chionn ghoirid le Comataidh Cothromachadh-carboin, Cumhachd is Còmhdhail aig Pàrlamaid na h-Alba [A Modern and Sustainable Ferry Service for Scotland |](#)

[Pàrlamaid na h-Alba](#). Tha am fios air ais a fhuaradh bho na tùsan seo agus bho bharrachd chòmhraidean cuimsichte le priomh luchd-ùidh air cuideachadh le bhith a' cruthachadh cuspairean agus ceistean na co-chomhairle.

Pròiseas Co-chomhairleachaidh

Bidh a' cho-chomhairle seo fosgalte fad 12 seachdainean bho 15 Dùblachd 2023 gu 08 Màrt 2024 agus tha sinn a' toirt cuireadh dhut do bheachdan a thoirt dhuinn rè na h-ùine seo gus buaidh ghnìomhach a thoirt air smaoineachadh a thaobh Cùmhnant Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall.

Is urrainn dhut seo a dhèanamh le bhith a' lìonadh na cho-chomhairle air-loidhne, a' toirt seachad [freagairt air post-d](#) no a' cur a-steach freagairt sgrìobhte gu:

Co-chomhairle CHFS3

Còmhdhail Alba

Taigh Sheòrais

2^{na} Làr

36 Sràid Hanover a Tuath

Glaschu G1 2AD

A' measadh buaidh

Tha sinn air gealltainn gun dèan sinn measadh air buaidh CHFS3 air coimhearsnachdan a tha an urra ri aiseagan agus air buidhnean luchd-ùidh eile air feadh na h-Alba.

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnant
airson aiseagan Chluaidh is Innse Gall (CHFS3)

Còmhail Alba

Cumaidh a' cho-chomhairle seo taic ri leasachadh nam measaidhean buaidh a leanas: Measadh Buaidh Gnothachais is Riaghlaidh (BRIA); Measadh Buaidh Còraichean agus Sunnd Chloinne (CRWIA); Measadh Buaidh Co-ionannachd (EQIA); agus Measadh Buaidh Coimhairsnachdan Eileanach (ICIA).

Foillsichidh sinn na measaidhean buaidh seo air làraichean-lìn Còmhail Alba agus Riaghaltas na h-Alba. Bu mhath leinn do bheachdan air seo. Faodar beachdan a thoirt dhuinn le bhith a' cur post-d gu [Còmhail Alba](#).

Mar eisimpleir, bheir do bheachdan fios dhuinn mun bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig ar poileasaidh air brosnachadh co-ionannachd, cur às do leth-bhreith, agus a bhith a' brosnachadh deagh dhàimhean do dhaoine aig a bheil feartan dionta sònraichte leithid:

- Aois
- Ciorram
- Gnè bhith-eòlasach
- Ath-bhuileachadh gnè
- Taobhadh feise
- Cinneadh agus creideamh no feallsanachd
- Leatromachd agus màthaireachd

Cleachdaidh sinn dòigh-obrach làidir stèidhichte air fianais gus na measaidhean buaidh coimhairsnachd a chruthachadh agus obraichidh sinn ann an dlùth chonaltradh le prìomh luchd-ùidh agus riochdairean bho bhuidhnean air am bi buaidh.

Na h-Ath-cheuman

A bharrachd air co-chomhairle CHFS3, nì Plana Ceangailteachd nan Eileanan (ICP) aig Còmhail Alba co-chomhairle a dh'aitghearr air dreachd Pàipear Ro-innleachdail ICP a tha a' mìneachadh nan lèirsinn agus priomhachasan a thathar a' moladh airson lìbhrigeadh sheirbheisean aiseig ann an Alba, agus am Plana Fad-ùine airson Soithichean agus Puirt a tha a' mìneachadh nam planaichean agus molaidhean airson prògram tasgaidh ann an lònraidhean Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall agus Seirbheisean Aiseagan nan Eileanan a Tuath gu 2045, agus a' moladh mar a bu chòir prìomhachas a thoirt do cho-dhùnaidhean aig àm far a bheil cuingealachadh maoineachaiddh ann nuair a thathar an dùil gum feumar co-dhùnaidhean duilich a dhèanamh eadar pròiseactan. Thèid ùrachadh a bharrachd air a' cho-chomhairle seo a thoirt seachad le Còmhail Alba anns na beagan sheachdainean ri thigheann.

Aon uair is gun tig àm co-chomhairleachaidh CHFS3 gu crìch, thèid freagairtean ath-sgrùdadadh le sgioba sgrùdaidh speisealach neo-eisimeileach agus thèid aithisg de mholaidhean a thoirt do Chòmhail Alba air am beachdaich iad nuair a tha iad a' cur crioch air teirmean cùmhnant CHFS3.

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnant
airson aiseagan Chluaidh is Innse Gall (CHFS3)

Còmhdail Alba

Tha sinn a' cur luach anns na beachdan agad agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri do bheachdan a chluinntinn air mar as urrainn dhuinn piseach a thoirt air Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall againn.

Thoir an aire gur e co-chomhairle phoblach a tha seo, agus gum bi na freagairtean uile rim faighinn gu poblach, ged a bhios fiosrachadh pearsanta air a chumail diomhair. Mas e is nach eil thu airson 's gum bi do bheachdan rim faighinn gu poblach, tagh am bogsa iomchaidh aig deireadh a' cho-chomhairleachaidh.

Mòran taing airson pàirt a ghabhail anns a' phròiseas chudromach seo.

Earbsachd agus Seasmhachd

Chomharraich fios air ais bhon choimhearsnachd gum feumar dèiligeadh ri earbsachd agus seasmhachd nan seirbheisean aiseig mar phriomhachas ri linn na buaidh a bheir briseadh ann an seirbheisean aiseig air gnìomhachasan is coimhearsnachdan.

C1. A bheil thu a' smaoineachadh gu bheil na tomhasan coileanaidh a th' aig na seirbheisean aiseig aig an àm seo iomchaidh:

Tha

Chan eil

Mìnich do fhreagairt

C2. A bheil tomhasan coileanaidh a bharrachd no eile ann a tha thu a' smaoineachadh a dh'fhaodar a thoirt a-steach gus piseach a thoirt air earbsachd agus seasmhachd nan seirbheisean aiseig?

Tha

Chan eil

Thoir dhuinn do bheachdan

Comas-làimhseachaidh is Iarrtas

Chaidh faraidhean a lùghdachadh gu mòr agus tha seo air eileanan na h-Alba a dhèanamh nas ruigsinniche dhan h-uile duine tro Chosgais Co-ionann ri Rathad (*Road Equivalent Tariff - RET*) ach, tha sinn a' tuigsinn gum feum cothromachadh a bhith ann eadar comas-làimhseachaidh shoithichean agus iarrtas luchd-siubhail,

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnant
airson aiseagan Chluaidh is Innse Gall (CHFS3)

Còmhail Alba

agus mar sin feumaidh sinn dòigh nas fheàrr a lorg gus àireamh an luchd-cleachdaidh agus an rùm a tha ri fhaighinn a riaghalaadh.

Tha fios air ais bhon choimhearsnachd air sealltainn gu bheil fèill mhòr air seirbheisean aiseig tron t-samhradh. Mar sin, feumar beachdachadh air a' chothromachadh eadar comas-làimhseachaidh agus iarrtas gus dèanamh cinnteach gu bheil àiteachan càr rim faighinn airson siubhal riatanach no èiginneach.

C3. Tha fios againn gu bheil rùm do charbadan gann air na seòlaidhean aig na h-amannan as trainge. A bheil beachd sam bith agad air dòighean gus fèill air àiteachan do charbadan a lùghdachadh?

Tha

Chan eil

Ma tha, dè na molaidhean a th' agad?

C4. Gus an àireamh de chàraichean a lùghdachadh air bòrd aig na h-amannan as trainge, am biodh tu deònach a bhith a' siubhal dhan/bhon phort air còmhail phoblach?

Biodh

Cha bhiodh

Ma fhreagair thu "chan biodh", mìnich do fhreagairt

C5. Gus an àireamh de chàraichean a lùghdachadh air bòrd aig na h-amannan as trainge, am biodh tu deònach a bhith a' siubhal dhan/bhon phort tro chòmhail ghnìomhach (coiseachd, cuibhleachadh, air baidhsagal)?

Biodh

Cha bhiodh

Ma fhreagair thu "cha bhiodh", mìnich do fhreagairt

C6. Am bu chòir riatanas a bhith ann àiteachan a ghlèidheadh air deic nan carbadan air slighean trang do luchd-còmhnaidh nan eilean agus do priomh luchd-obrach a dh'fheumas siubhal gun rabhadh?

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnant
airson aiseagan Chluaidh is Innse Gall (CHFS3)

Còmhdail Alba

Bu chòir

Cha bu chòir

Ma fhreagair thu "cha bu chòir", mìnich do fhreagairt

Guth na Coimhearsnachd, Follaiseachd agus Cunntachalachd

Tha fios air ais bhon choimhearsnachd ag ràdh gum bu chòir barrachd conaltraidh agus co-chomhairleachaidh a bhith ann air feadh an lònra, a' toirt cothrom nas fheàrr do choimhearsnachdan ionadail beachdan a thoirt seachad, a chuidicheas le co-dhùnaidhean co-cheangailte ri seirbheisean aiseig.

Chomharraich fios air ais bhon choimhearsnachd gum feum clàr-ama nan seirbheisean aiseig a bhith iomchaidh gus feumalachdan nan diofar luchd-cleachdaidh a chothromachadh.

C7. Ciamar a ghabhadh àite nas treasa a thoirt do choimhearsnachdan ann a bhith a' cur a-steach beachdan mu cho-dhùnaidhean co-cheangailte ri aiseagan?

Thoir dhuinn do bheachdan

C8. A bheil dòighean ann san gabh piseach a thoirt air an obair conaltraidh le coimhearsnachdan ionadail?

Thoir dhuinn do bheachdan

C9. A bheil Bòrd Coimhearsnachd nan Aiseagan riochdachail de mhuinnitir nan eilean?

Tha

Chan eil

Ma fhreagair thu "chan eil", mìnich do fhreagairt

C10. A bheil Bòrd Coimhearsnachd nan Aiseagan a' riochdachadh do leas a thaobh an ath chùmhaint?

Tha

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnant
airson aiseagan Chluaidh is Innse Gall (CHFS3)

Còmhdaileadh Alba

Chan eil

Ma fhreagair thu "chan eil", mìnich do fhreagairt

C11. Am bu chòir guth nas treasa a bhith aig coimhearsnachdan ann an cruthachadh chlàran-ama, gus am bi iad a' freagairt air feumalachdan luchd-cleachdaidh nan aiseagan?

Bu chòir

Cha bu chòir

Mìnich do fhreagairt

Lùghdachadh Carboin agus Buaidh Àrainneachdail

Tha sinn a' dèanamh deagh adhartas a dh'ionnsaigh cothromachadh-carboin san àm ri teachd; ach tha teicneòlas einnsein aiseig beag-carboin fhathast ga leasachadh agus mar sin feumaidh sinn smaoineachadh air dòighean eile gus an lorg carboin againn agus a' bhuaidh againn air an àrainneachd a lùghdachadh.

C12. Dè na dòighean anns an urrainn aiseagan an eimiseanan carboin a lùghdachadh a rèir targaidean Cothromachadh-carboin?

Thoir dhuinn do bheachdan

C13. Am biodh tu deònach beachdachadh air do chàr a chleachdadhs nas lugh nuair a bhios tu a' siubhal air aiseag?

Biodh

Cha bhiodh

Ma fhreagair thu "cha bhiodh", mìnich do fhreagairt

Siubhal air adhart agus Ceanglaichean

Le bhith a' coimhead air mar a ghabhas siubhal air adhart agus ceanglaichean a bhrosnachadh, is urrainn dhuinn cothroman a thoir seachad airson ceanglaichean

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnant
airson aiseagan Chluaidh is Innse Gall (CHFS3)

Còmhdhail Alba

nas fheàrr agus airson ruigsinneachd air aiseagan tro shiubhal gniomhach,
còmhdhail phoblach, agus modhan còmhdhail sheasmhach eile.

C14 Nad bheachd, dè ghabhadh a dhèanamh gus piseach a thoirt air ceanglaichean
còmhdhail phoblach eadar aiseagan agus Companaidhean rèile is bhusaichean?

Thoir dhuinn do bheachdan

So-ruigsinneachd

Sheall fios air ais bhon choimhairsnachd gu bheil dùblain a bharrachd mu
choinneamh cuid de bhuidhnean co-ionannachd le bhith a' faighinn cothrom air agus
a' cleachdadadh sheirbheisean aiseig.

C15. A bheil sibh ag aontachadh gum bu chòir sgrùedadadh ruigsinneachd cunbalach
a bhith ann le buidhnean ruigsinneachd leithid Mobility Access Committee Scotland
(MACS), leis an amas piseach a thoirt air ruigsinneachd aig puirt agus air bòrd
shoithichean.

Tha

Chan eil

Dè eile a ghabhadh dèanamh nad bheachd gus piseach a thoirt air ruigsinneachd air
na seirbheisean aiseig againn?

Seirbheisean Bathair

Tha fios air ais bhon choimhairsnachd air sealltann gun urrainn clàraidhean airson
carbadan bathair buaidh a thoirt air na tha ann de dh' àiteachan do charbadan eile air
soithichean.

C16. A bheil dòighean ann gus piseach a thoirt air co-obrachadh Companaidh nan
Aiseagan le Companaidhean-giùlain bathair agus gniomhachasan gus trafaig
coimeirsealta a phlanadh nas fheàrr?

Thoir dhuinn do bheachdan

C17. A bheil moladh sam bith eile agad gus an ìre iarrtais a lùghdachadh, no a
stiùireadh nas fheàrr, air slighean far a bheil tòrr bathair ann?

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnant
airson aiseagan Chluaidh is Innse Gall (CHFS3)

Còmhail Alba

Thoir dhuinn do bheachdan

Sgrùdadh agus Ath-sgrùdadh

Tha fios air ais air sealltainn gu bheil coimhairsnachdan airson 's gum bi barrachd soilleireachd agus pongalachd ann an aithris coileanaidh air fhighe a-steach dhan ath chùmhnant.

Tha fios air ais bhon choimhairsnachd a' sealltainn nach eil an dòigh sa bheil a' chompanaidh aiseagan ag aithris air coileanadh a' toirt dhuinn dealbh ceart air na dh'friosraicheas an luchd-siubhail.

C18. Am bu toil leat cothrom a bhith agad fios air ais a thoirt dhuinn air dòighean gus seirbheisean a leasachadh?

Bu toil

Cha bu toil

Ma fhreagair thu gum bu toil, dè cho tric is a bu chòir seo tachairt, agus ciamar?

C19. A bheil moladh sam bith agad air mar a dh'fhaodadh Companaidh nan Aiseagan sealladh nas fheàrr a thoirt seachad air na dh'friosraicheas luchd-siubhail?

Thoir dhuinn do bheachdan



Foirm fiosrachaидh mun neach-freagairt

Thoir an aire gum feumar am foirm seo a lìonadh agus a chur air ais leis an fhreagairt agad.

Gus faighinn a-mach mar a bhios sinn a' làimhseachadh an dàta phearsanta agad, faic am [poileasaidh prìobhaideachd](#) againn.

A bheil thu a' freagairt mar neach fa leth no às leth buidheann?

- Neach fa leth
- Buidheann

Ainm slàn no ainm na buidhne

Àireamh fòn

Seòladh

Còd-puist

Post-d

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnant
airson aiseagan Chluaidh is Innse Gall (CHFS3)

Còmhdail Alba

A bheil thu a' freagairt mar:

- Neach-còmhnaidh sgìre lònra Aiseagan Chluaidh is Innse Gall (Eileanan a' gabhail a-steach rubhaichean?)
- Neach-còmhnaidh sgìre lònra Aiseagan Chluaidh is Innse Gall (Tìr mòr na h-Alba?)
- Cuideigin a tha a' tadhail air sgìre lònra Aiseagan Chluaidh is Innse Gall?
- Gníomhachas ann an sgìre lònra Aiseagan Chluaidh is Innse Gall (Eilean agus tìr-mòr na h-Alba)

Ma tha thu nad neach-còmhnaidh ann an sgìre lònra Aiseagan Chluaidh is Innse Gall (Eileanan, Rubhaichean, Tìr-mòr na h-Alba) innis dhuinn dè a' choimhearsnachd ann an sgìre lònra Aiseagan Chluaidh is Innse Gall anns a bheil thu a' fuireach, agus dè an sgìre ùghdarras ionadail anns a bheil thu a' fuireach. Mas e neach-tadhail no neach-turais a th' annad, innis dhuinn far a bheil thu a' fuireach:

Dè an adhbhar as motha a th' agad airson a bhith a' cleachdadadh seirbheisean lònra Aiseagan Chluaidh is Innse Gall?

- Airson gniomhachas
- Airson adhbharan obrach/foghlaim
- Airson adhbharan pearsanta/cur-seachadan
- A h-uile rud gu h-àrd
- Eile

Dè cho tric 's a bhios tu a' cleachdadadh seirbheisean Aiseagan Chluaidh is Innse Gall?

- 5-7 tursan san t-seachdain
- 2-4 tursan san t-seachdain
-

Turas gach seachdain

- Turas gach dàrna seachdain
- Turas sa mhìos
- Bho àm gu àm

Co-chomhairle Phoblach air an ath Chùmhnant
airson aiseagan Chluaidh is Innse Gall (CHFS3)

Còmhdail Alba

- Ràitheil (an Samhradh)
- Eile

A bheil thu:

- Nas òige na 16
- 16 gu 18
- 19 gu 21
- 22 gu 34
- 35 gu 44
- 45 gu 54
- 55 gu 64
- 65 no nas sine
- Eile

An canadh tu gu bheil ciorram ort?

- Chanadh
- Cha chanadh

Bu mhath le Riaghaltas na h-Alba cead fhaighinn gus do fhreagairt co-chomhairleachaidh foillseachadh. Dè b' fheàrr leat a thaobh a bhith a' foillseachadh na freagairt agad:

- Foillsich an fhreagairt le ainm
- Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)
- Na foillsich an fhreagairt

Bidh sinn a' sgaoileadh na freagairt agad gu sgiobaidean poileasaидh eile taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba, sgiobaidean a dh'haodadh a bhith a' dèiligeadh ris na cùisean a thog thu fhèin. Dh'haoidte gum biodh iad airson fios a chur thugad san àm ri teachd ach feumaidh sinn cead fhaighinn bhuat gus seo a dhèanamh. Am biodh e ceart gu leòr nan cuireadh Riaghaltas na h-Alba fios thugad a-rithist a thaobh a' cho-comhairleachaidh seo?

- Bhiodh
- Cha bhiodh

Fiosrachadh do bhuidhnean:

Tha an roghainn 'Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)' ri fhaighinn do luchd-freagairt fa leth a-mhàin. Ma thèid an roghainn seo a thaghadh, thèid ainm na buidhne fhoillseachadh co-dhiù.



**TRANSPORT
SCOTLAND**
CÒMHDHAIL ALBA

Còmhdhail Alba
Taigh Bhocanan, 58 Rathad Port Dundas,
Glaschu G4 0HF
0141 272 7100
info@transport.gov.scot
www.transport.gov.scot

978-1-911672-36-4

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2023

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadh saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais.

Gus an cead seo fhaicinn, faic

<http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/> no cuir post-d gu psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha lethbhreacan a bharrachd den sgrìobhainn seo rim faighinn, ma thèid sin iarraidh, ann an cruth claisneachd is clò mòr agus ann an cànanan coimhearsnachd.

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig info@transport.gov.scot

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn air làrach-lìn Còmhdhail Alba aig: www.transport.gov.scot
Dèante airson Còmhdhail Alba le APS Group Scotland PPDAS1384894 (12/23)
Air fhoillseachadh le Còmhdhail Alba, An Dùblachd 2023

Lean sinn:

[transcotland](#) [@transcotland](#)
transport.gov.scot



**Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba**